

Uisge

Tha uisge Alba riatanach airson ar slàinte is ar soirbheachaidh. Cho math ri bhith air a chleachdadh airson òl, tha uisge air a chleachdadh ann an gnìomhachas (me, taighean-staile an uisge-bheatha agus taic do obair-iasgaich), airson lùth a chruthachadh (dealan-uisge), agus airson chur-seachadan (mar coimhead-eòin, iasgach agus spòrs-uisge). Tha a' mhuir mu chuairt Alba air a cleachdadh airson iomadh nì, leithid iasgach coimearsalta agus cruthachadh lùth. Bidh uisge a' cumail taic ri iomadh seòrsa àrainn agus tha àireamhan cuid de ghnèithean cudromach gu nàiseanta is gu h-eadar-nàiseanta.

Tha mu 19,000 km de chladach ann an Alba, agus sin 8% de chladach na Roinn Eòrpa. Tha an sgìre bhon chladach chun an t-Sòn Eaconamach Thoirmeasgach againn mu shia uiread farsaingeachd fearainn na h-Alba.

A' còmhach mu 2% de fharsaingeachd fearainn na h-Alba, tha mu 90% de fhìor-uisge uachdair na RA sna h-aibhnichean agus sna lochan againn.

Staid

San fharsaingeachd tha an t-uisge againn ann an deagh staid, agus chaidh truailleadh a lùghdachadh gu math thar nan 25 bliadhna a chaidh seachad.

Tha a' chuid as motha dhen mhuir, dhe na cladaichean agus de bheul-aibhnichean ann an deagh staid no ann an staid fìor mhath. Tha adhbhar uallaich ann an cuid de sgìrean, ach cha dèiligeadh ris a' mhòr-chuid dhe na trioblaidean truailidh a bh' ann san àm a dh'fhalbh.

Tha àrainnean ann an uisge-tìre ann an Alba a' dol bhuaithe no tha iad stèidheil, ach tha iad fhathast nan adhbhar uallaich, agus sa mhòr-chuid de sgìrean, tha cuid de ghnèithean a' crìonadh gu ìre 's gu bheil iad a-nis nan uallach.

Tha a' mhòr-chuid de dh'uisge na talmhainn fhathast ann an deagh staid, agus tha aithris ann gu bheil mu dhà thrian dhe na lochan agus beagan is leth nan aibhnichean ann an deagh staid no ann an staid nas fheàrr a rèir measadh Frèam Stiùiridh an Uisge.

San fharsaingeachd, thathar a' meas gu bheil fiadh-bheatha nan aibhnichean is nan lochan ann an deagh staid, ged a tha cuid de ghnèithean fa leth a' crìonadh.

Dùbhlain

Ann an aibhnichean is ann an lochan, 's e na prìomh chuspairean:

- call àrainn air sgàth leasachaidh (gu h-eachdraidheil agus san latha an-diugh);
- àiteachas ag adhbharachadh mathasan nas beartiche agus càll àrainn;
- cruthachadh lùth a' cur stad air gluasad nàdarra an uisge.

'S e na prìomh dhùbhlain a tha aig àrainneachd na mara:

- iasgach coimearsalta, a dh'fhaodas cron a dhèanamh air grunn na mara agus gnèithean mara;
- àiteachas-uisge ag adhbharachadh truailleadh gu h-ionadail;
- làrainnean cladaich is beul-aibhne gan call mar thoradh air leasachadh;
- sgaoileadh truailidh ann an sgìrean cladaich is beul-aibhnichean.

Tha cuideam a' tighinn air uisge na talmhainn bho:

- adhbharan àiteachais;
- toirt air falbh uisge agus sin a' toirt air ìre tùs an uisge tuiteam;
- truailleadh bho obair mèinnidh san àm a dh'fhalbh;
- truailleadh bho obair gnìomhachais san àm a dh'fhalbh.

Freagairt

Feumaidh sinn obrachadh còmhla airson cothromachadh a dhèanamh air a liuthad iarrtas a th' air àrainneachd an uisge againn. Tha Plana Nàiseanta na mara agus Plana Manaisidh nan Cuachan-aibhne a' feuchainn ri leasachadh a bhrosnachadh a nì cothromachadh eadar feumalachdan na h-eaconamaidh, an comann-sòisealta agus an àrainneachd, an-dràsta agus san àm ri teachd.